

Gu: Luchd-ùidhe

Ceannard Ghoireasan a' Chùraim agus an Ionnsachaidh:
Brian Porter

Cuir fios gu: Ian Jackson

Loidhne Dhìreach: 07435 982557

Post-d: ian.jackson@highland.gov.uk

Ar n-Àireamh-fiosrachaidh:

Ceann-latha: 1 Màrt 2022

A Neach-ùidhe Chòir,

**MOLADH SGÌREAN-SGOILE FOGHLAIM TRON GHÀIDHLIG A STÈIDHEACHADH
AIRSON BUN-SGOIL A' PHLUIC AGUS BUN-SGOIL LOCH CARRANN**

Tha mi a' sgrìobhadh gus innse dhuibh gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd air pàipear co-chomhairleach a chur a-mach a thaobh a' mholaidh gu h-àrd. Bidh a' cho-chomhairle a' tòiseachadh air 1 Màrt 2022 agus a' crìochnachadh air 29 Giblean 2022.

Gheibhear am pàipear molaidh agus na leas-phàipearan air-loidhne aig:

<http://www.highland.gov.uk/schoolconsultations>

Gheibhear lethbhreacan rin sgrùdadh cuideachd aig Bun-Sgoil a' Phluic; Bun-Sgoil Loch Carrann; Bun-Sgoil na Comraich; Bun-Sgoil Uachdar Thìre; Bun-Sgoil Ghlinn Eilg; Bun-Sgoil Loch Dhubhthaich; Bun-Sgoil a' Chaoil, Bun-Sgoil Chaol Acain; Leabharlann Poblach a' Phluic; agus Leabharlann Poblach Loch Carrann. Faodaidh sibh cuideachd iarraidh gun tèid lethbhreac a chur thugaibh sa phost. Ma tha sibh airson 's gun tèid pàipear a chur thugaibh sa phost, cuiribh fios gu Oifis Cùraim agus Ionnsachaidh na Sgìre, Ostail Cham Dhail, An Gearasdan, PH33 7NE.

Tha cuireadh agaibh buaidhean seo a dheasbaireachd aig coinneamh phoblach air-loidhne le oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha uair is ceann-latha na coinneimh air an toirt seachad gu h-ìosal.

9 MÀRT 2022 – AIR-LOIDHNE at 6.30f

Thèid ceangal chun na coinneimh a chur gu pàrantan ro làimh.

Thèid nòta a ghabhail is thèid a' choinneamh a chlàradh gus cuimhne an neach-nòta a chuideachadh.

Tha cuireadh agaibh cuideachd beachdan sgrìobhte sam bith a tha sibh airson a thoirt seachad mun phàipear cho-chomhairle a chur gu Oifis Cùraim agus Ionnsachaidh na Sgìre, Ostail Cham Dhail, An Gearasdan, PH33 7NE.

Post-d: Education.Consultations@highland.gov.uk

No, faodaidh sibh beachdan sam bith a chur a-steach tro fhoirm air-loidhne a gheibhear bho dhuilleag na làraich-lìn: <http://www.highland.gov.uk/schoolconsultations>

Feumaidh beachdan air fad a bhith againn **gun a bhith nas anmoiche na Dihaoine 29 Giblean 2022.**

Thèid ur beachdan, agus gin sam bith eile a gheibhear, a thoirt seachad rè ùine do Chomataidh Foghlaim Chomhairle na Gàidhealtachd airson beachdachadh orra. Bu chòir dhaibhsan a tha a' cur freagairt a-steach, an dàrna cuid ann an litir no gu eileagtronaigeach, a bhith mothachail gum faod am poball na freagairtean aca a sgrùdadh agus gun tèid am foillseachadh air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd le ainmean-sgrìobhte, àireamhan-fòn agus seòlaidhean post-d air an toirt às. Mura h-eil sibh airson 's gum bi ur freagairt ri faotainn dhan phoball, bu chòir dhuibh sgrìobhadh gu soilleir air an sgrìobhainn: "Tha mi airson 's gum tèid beachdachadh air mo fhreagairt gu dìomhair le cothrom air a chuingealachadh do Chomhairlichean agus Oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd". Mura dèan sibh seo, thathar a' gabhail ris gu bheil an neach a tha a' cur na freagairt ag aontachadh gum faod i a bhith ri faotainn dhan phoball. Feumaidh freagairtean sgrìobhte uile a bhith againn gun a bhith nas anmoiche na an latha mu dheireadh dhen ùine cho-chomhairle, **Dihaoine, 29 Giblean 2022.**

Leis gach deagh dhùrachd,



Ian Jackson
Oifigear Foghlaim (Goireasan)